

Cuspair Clàir-ghnothaich	9
Air. Aithisge	G/13/23

COMHAIRLE NA GÀIDHEALTACHD

Comataidh:	Comataidh na Gàidhlig
Ceann-latha:	31 Cèitean 2023
Tiotal Aithisge:	Seachdain na Gàidhlig 2023
Aithisg le:	Àrd-Oifigear Gníomhach, Coileanadh agus Riaghachas

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gníomhach

- 1.1 'S e adhbhar na h-aithisge seo foir-shealladh a thoirt do Bhuill thaghte air an dàrna Seachdain na Gàidhlig (SnaG) a chaidh a chumail ann an Alba agus a tha a' comharrachadh Gàidhlig na h-Alba air feadh an t-saoghal.
- 1.2 Tha an aithisg cuideachd a' toirt cunntas às ùr do Bhuill mu ghnìomhan a chaidh a dhèanamh agus a' toirt mholaidhean seachad air dòighean gus am feum as fheàrr a dhèanamh de phròiseactan a tha a' cleachdad nam meadhanan sòisealta.

2. Molaidhean

- 2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. Beachdachadh air an aithisg agus toirt fa-near dhan aithisg.

3. Buaidhean

- 3.1 Goireas – Chan eil mòran a dhìth a thaobh ghoireasan agus is urrainnear an coinneachadh tron bhuidseat Seirbheis a th' ann mar-thà.
- 3.2 Laghail – Tha e mar riataras air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a chur an gnìomh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.
- 3.3 Coimhersnachd (Co-ionannachd, Bochdainn, Dùthchail agus Eilean) – Tha deagh bhuaidh air a' Ghàidhlig seach gu bheil Sgioba na Gàidhlig ag obair còmhla ri buidhnean coimhersnachd gus tachartasan a lìbhrigeadh tron t-seachdain.
- 3.4 Atharrachadh Gnàth-shìde/Carbon Ciallach – Tha Sgioba na Gàidhlig a' dèanamh feum cho math 's a ghabhas de theicneòlas airson choinneamhan le co-obraichean is

le buidhnean air an taobh a-muigh gus còmhdaileadh a lùghdachadh agus airson pròiseactan SnaG a lìbhrigeadh.

- 3.5 Cunnart – Tha na molaidhean leasachaideh airson SnaG san àm ri teachd fo ùmhachd ghoireasan is an crochadh air a' chuspair a thathar a' stèidheachadh airson 2024.
- 3.6 Gàidhlig – Tha an aithisg a' neartachadh leasachadh na Gàidhlig thar na Gàidhealtachd is air feadh an t-saoghail agus a' cur taic ri iomairt nàiseanta is cruinneil. Tha i cuideachd a' cur taic ri bhith a' buileachadh Plana na Gàidhlig.

4. Seachdain na Gàidhlig (SnaG)

- 4.1 'S e iomairt nàiseanta a th' ann an SnaG agus chaidh a cumail eadar 20–26 Gearran am-bliadhna. Tha i air a maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig, Hands Up For Trad agus Alba Chruthachail. Chruthaich SnaG maoin do bhuidhnean coimhairsnachd gus am b' urrainn dhaibh iarrtasan a chur a-steach gus taic a chur ris na tachartasan buntainneach aca.

<https://seachdainnagaidhlig.scot/>

- 4.2 Bha a' Chomhairle gnìomhach ann a bhith a' gabhail pàirt ann an iomairt nàiseanta Seachdain na Gàidhlig. Chuir Sgioba na Gàidhlig grunn phròiseactan air dòigh le fòcas air an Dachaigh agus a' Choimhairsnachd, Foghlam, agus na cuspairean Corporra ann am Plana na Gàidhlig (PnG3). Ghabh grunn sgoiltean air feadh na Gàidhealtachd pàirt cuideachd agus chleachd iad ùrlaran air-loidhne is na meadhanan sòisealta gus na h-iomairtean sònraichte aca a chur air adhart.

5. SnaG – Pròiseactan

- 5.1 Chlàr Cathraiche Comataidh na Gàidhlig bhidio goirid airson failte a chur air an tachartas gu sgìre na Gàidhealtachd agus airson daoine a bhrosnachadh gus com-pàirt a ghabhail. Dhùin Cathraiche Comataidh an Fhoghlaim an tachartas le bhidio goirid a' toirt taing do na com-pàrtichean uile, gu h-àraid tidsearan is sgoilearan.
- 5.2 Rinn Sgioba na Gàidhlig deagh fheum de na meadhanan sòisealta gus pròiseactan corporra innleachdach a chruthachadh a leithid ainm-àite an latha agus sean-fhalcal an latha. Chuir an Sgioba tachartasan coimhairsnachd air dòigh cuideachd a leithid tachartas do luchd-ionnsachaidh Gàidhlig agus tachartas Gàidhlig is Cèic ann an co-bhann ris a' Chultarlann. Chithear tuilleadh fiosrachaidh mu thachartasan SnaG air a' phadlet.

6. Planadh agus Mion-sgrùdadadh san Àm ri Teachd

- 6.1 Dh'obraich Sgioba a' Chonaltraidh Chorporra còmhla ri Sgioba na Gàidhlig gus mion-sgrùdadadh a dhèanamh air coileanadh le coimeas eadar SnaG 2022 agus SnaG 2023. Thug seo fiosrachadh luachmhor seachad a chuidicheas ann a bhith a' cur tachartas 2024 air dòigh.
- 6.2 Tha na molaidhean a leanas a' buntainn ris na meadhanan sòisealta:
 - **Facebook** – airson cur ri teachdaireachdan coitcheann mu SnaG, le cuideam a bharrachd air com-pàirteachas is tachartasan sgoile. (Tha e cudromach toirt fa-near gun robh sgoiltean na Gàidhealtachd air saor-làithean meadhan-teirme tro SnaG).

- **Twitter** – airson fòcas a chumail air bloighean-fiosrachaидh inntinneach a' buntainn ri dualchas is cultar na Gàidhlig.
 - **Instagram** – cruthaich rìdhle a bhiodh a' gabhail a-steach daoine de gach aois is gnè, a tha a' fuireach ann an diofar àiteachan sa Ghàidhealtachd, a' freagairt ceist shònraichte, me, 'Dè tha a' Ghàidhlig a' ciallachadh dhutsa?' Dh'fhaodadh seo a bhith co-cheangailte ri cuspair sònraichte tachartas 2024.
 - Tha an cuspair air a thaghadh le SnaG. Dh'fhaodadh dòigh-obrach a bhith air a leasachadh a bhiodh ag amas air daoine, sgoilearan, fileantaich is luchd-ionnsachaидh le fòcas air an fhacal Ghàidhlig as fheàrr le daoine agus carson. Vox pops de dhaoine fa leth a-muigh ann am bailtean is air an dùthaich agus dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach na h-àrainneachd nàdarra.
 - **TikTok** – dh'fhaodadh seo amas air nithean foghlaim ach dh'fhaodadh a chleachdadhdh cuideachd airson bhidiothan trì-mionaidean de dh'ainmean-àite Gàidhlig is sean-fhaclan Gàidhlig, le tuilleadh mìneachaidh air an ciall.
- 6.3 Chaidh aithisg nam meadhanan sòisealta, a tha co-cheangailte, a chur ri chèile le Sgioba a' Chonaltraidh Chorporra agus tha i a' sealltainn dàta anailiseach air-loidhne bhon t-seachdain.
- 6.4 Tha SnaG air aithisg dheireannach a chur a-steach gu Bòrd na Gàidhlig airson tachartas 2023 agus tha iad mar-thà a' tòiseachadh air ullachadh airson tachartas na h-ath-bhliadhna. Fhuair iad càrr is 60 iarrtas. Tha SnaG ag amas air Maoin Thabhartasan Beaga a chur air dòigh le tabhartasan beaga suas ri £500 agus faodaidh ùghdarrasan ionadail iarrtas a chur a-steach dhan sgeama.
- 6.5 Bidh SnaG 2024 a' tòiseachadh air 19 Gearran agus a' crìochnachadh air 26 Gearran. Tha SnaG air taing a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd airson a taic agus airson na chuir i ris an tachartas.

Ainmeachadh: Oifigear Leasachaидh na Gàidhlig

Ceann-latha: 2 Cèitean 2023

Ùghdar: Mòrag Anna NicLeòid Mitchell

Pàipearan Cùl-fhiosrachaидh: Chan eil gin

Eàrr-ràdhan: